

Tha Ciorstaidh Nic a’ Ghobhainn ag innse mun Chuimris, an cànan a tha ga bruidhinn anns a’ Chuimrigh.

San latha an-diugh tha còig cànan Ceilteach air am bruidhinn anns an Rìoghachd Aonaichte: Gàidhlig na h-Alba, Gàidhlig Eilean Mhanainn, Gàidhlig na h-Èireann, Còrnais agus a’ Chuimris. A thaobh luchd-labhairt ’s i a’ Chuimris an cànan as motha dhiubh seo. Tha mu fhichead sa cheud de shluagh na Cuimrigh fileanta sa chànan. Aig aon àm, bha a’ Chuimris ga bruidhinn anns a’ Chuimrigh air fad agus cuideachd air taobh siar Shasainn. Chaidh am Bioball eadar-theangachadh dhan Chuimris anns an t-siathamh linn deug agus bha e gu math cudromach ann a bhith a’ toirt comas leughaidh do luchd-labhairt a’ chànan.

Dh’fhuiling a’ Chuimris gu mòr anns an naoidheamh linn deug. Dh’èirich aimhreit phoilitigeach sa Chuimrigh mu mheadhan na linne. Bha sabaid tric eadar sluagh na dùthcha agus saighdearan Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte aig an àm seo. Thàinig cùisean gu ceann ann an 1839 nuair a chaidh còrr ’s fichead neach a mharbhadh ann an Newport le saighdearan an riaghaltas. Thàinig an riaghaltas chun a’ cho-dhùnaidh gur e dìth foghlaim a bha air cùl nan trioblaidean sa Chuimrigh. Bha iad cuideachd den bheachd gun robh a’ Chuimris a’ cur bacadh air an t-sluagh bho bhith a’ dèanamh adhartas agus nach dèanadh iad sin ach tro mheadhan na Beurla. Ghabh ceannardan an fhoghlaim ris a’ bheachd seo agus dheigheadh clann a bhruidhneadh a’ Chuimris anns an sgoil a bhualadh. Cha b’ fhada gus an do ghabh sluagh cumanta na Cuimrigh ris an teachdaireachd seo agus sguir mòran phàrantan bho bhith a’ bruidhinn na Cuimris am fianais an cuid chloinne.

Aig toiseach na ficheadamh linn, thòisich feadhainn air cur an aghaidh a’ bheachd seo agus, mean air mhean, thàinig ath-bheothachadh air a’ chànan. Dh’fhosgladh a’ chiad bhun-sgoil anns an deigheadh na sgoilearan a theagasg tro mheadhan na Cuimris mu àm an Dàrna Cogaidh. Leudaich seo, beag air bheag, tron dùthaich air fad. Anns an latha an-diugh, tha fichead sa cheud de sgoilearan a-nis ag ionnsachadh tro mheadhan na Cuimris. Chaidh lagh a stèidheachadh bho chionn beagan bhliadhnachan a thuirt gum feumadh a’ Chuimris a bhith air a teagasg do sgoilearan gus am biodh iad sia-deug mar a’ chiad chànan no an dàrna cànan. Tha mòran òigridh a-nis fileanta sa chànan ged nach eil Cuimris aig am pàrantan. Chan eil teagamh nach eil foghlam air feum mòr a dhèanamh dhan chànan.

Tha inbhe agus soirbheachadh a’ chànan cuideachd air fàs mar thoradh air na meadhanan Cuimris. Thòisich BBC Rèidio na Cuimrigh a’ craoladh ann an 1977 agus chaidh an sianal telebhisean S4C a chur air bhog còig bliadhna an dèidh sin. Bidh pàipear-naidheachd Cuimris nàiseanta cuideachd ga fhoillseachadh gach seachdain.

Tha eachdraidh agus suidheachadh na Cuimris mar sgàthan air eachdraidh agus suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba. Ach, san latha an-diugh, tha e soilleir gu bheil na Cuimrich air barrachd adhartais a dhèanamh a thaobh cor an cànan air na tha sinne ann an Alba. Gu dearbh, tha adhartas na Cuimris na dheagh eisimpleir dhuinn ann an Alba a thaobh mar a dh’fhaodas sinn fhèin cor na Gàidhlig a leasachadh.